

Dè th' ann an comhairleachadh?

Tha amannan ann nuair a dh'fheumas sinn uile bruidhinn ri cuideigin. Coltach ri inbhich, bheir suidheachaidhean duilich is draghail droch bhuaidh air daoine òga, is bidh e doirbh dha cuid dèiligeadh riutha. Tha cothrom an lùib comhairleachaiddh airson bruidhinn mu rudan draghail, ann an diomhaireachd, le comhairliche proifeiseanta. Bidh iomadh seòrsa suidheachaidh ag èirigh ann an comhairleachadh a leithid:

- Dìth fèin-luach no misneachd
- Fo uallach no iomagain
- Burraidheachd
- Duilgheadasan càirdeis
- Duilgheadasan teaghlaich
- Uallach na sgoile no na h-obrach
- Fèin-dhochann
- A' caoidh neach daimh

Bidh cuid a dhaoine òga a' bruidhinn ri caraidean, teaghlaich no tidsearan mu na tha a' cur orra ach uaireannan 's fhiach e bruidhinn ri cuideigin nach eil an sàs nam beatha làitheil. Cha bhi comhairlichean a' toirt comhairle seachad ach ag èisteachd gun bhreithneachadh agus a' cuideachadh gus rian a chur air smuaintean an neach òig agus plana a chur air dòigh airson an

neach fhèin agus an càirdeasan a stiùireadh ann an dòigh nas èifeachdaiche.

An t-Seirbheis

Tha comhairleachadh ri fhaotainn do dhaoine òga eadar 11-18, ma tha iad san sgoil gus nach eil. Tha seiseanan gan cumail ann an seòmar prìobhaideach anns an dà àrd-sgoil ann am Port Rìgh agus sa Phloc ach faodar an cumail sa choimhearsnachd cuideachd. Aig an sgoil, bidh na seiseanan a' maireadh fad leasan sgoile agus thèid an uair atharrachadh gus nach caillear an aon leasan gach seachdain.

An dèidh iarrtas fhaighinn, thèid seisean cur-an-aithne a chur air dòigh feuch a bheil an comhairliche is an duine òg den bheachd gum biodh comhairleachadh na chuideachadh. Rachadh 4 no 6 seiseanan a chur air dòigh mar as àbhaist. Rachadh ath-sgrùdadh a dhèanamh aig deireadh nan seiseanan agus seiseanan a bharrachd a chur air dòigh mar as iomchaidh.

Faodaidh comhairliche a thighinn don cho-dhùnad gu bheil seirbheis eile a dhìth agus rachadh seo innse don duine òg agus don phàrant, mar as iomchaidh.

A chionn 's gu bheil an comhairliche againn ann an Àrd-sgoil a' Phluic fileanta sa Ghàidhlig, tha seiseanan ri fhaotainn an sin sa Ghàidhlig no sa Bheurla.

Dìomhaireachd

Tha dìomhaireachd aig teis-meadhan a' phròiseis chomhairleachaiddh – airson earbsa leis an duine òg a neartachadh agus gus am bi an duine òg cofhurtail a' bruidhinn mun chùis dhraghail. Ach tha sàbhailteachd is slàinte an duine òig riatanach agus tha seo nas cudromaiche na dìomhaireachd ma tha iad fhèin no cuideigin eile ann an cunnart. Thèid seo a chur an cèill san t-seisean cur-an-aithne.

'S ma dh'fhaoidte nach bi cuid a dhaoine òga airson innse do am pàrantan gu bheil iad a' frithdealadh comhairleachaiddh. A rèir lagh na h-Alba, faodaidh daoine òga sin a dhèanamh cho fad 's a dh'aontaicheas an neach-molaidh agus an comhairliche gu bheil an comas sin aca airson an roghainn a dhèanamh. Tha sinn a' moladh gu bheil daoine òga fosgailte le am pàrantan mar as iomchaidh agus 's urrainn do phàrantan a bhith taiceil le bhith a' gabhail ris a' chomhairleachadh mar ghnothach àbhaisteach taiceil, fhad 's a chumar ri càraichean diomhaireachd an duine òig.

Ìrean proifeiseanta

Tha an t-seirbheis ag obair a rèir stiùireadh nam Buidhnean Comhairleachaidh Proifeiseanta iomchaidh (COSCA/BACP) airson seirbheisean comhairleachaidh do dhaoine òga a liubhaint. Tha teisteanasan is eòlas proifeiseanta aig na comhairlichean is tha iad ag obair a rèir riaghailtean mhodhan is obrach proifeiseanta.

Molaidhean

Faodaidh na daoine òga am moladh fhèin airson comhairleachaidh, no pàrantan, sgoiltean, dotairean agus buidhnean eile cuideachd. Ach tha e riatanach gu bheil fios aig an duine òg mun mholadh agus iad airson a thighinn gu comhairleachadh.

Cosgais

Chan eil cosgais an lùib cleachdadadh na seirbheis comhairleachaidh ach tha CounsellingCare: An t-Eilean Sgitheanach is Loch Aillse na charthannas agus faodar tabhartasan a chur don bhuidheann aig an t-seòladh gu h-ìosal.

Cuir Fios

Nam bu toigh leat bruidhinn mu dhuine òg a chur air adhart airson comhairleachaidh no barrachd fios mun t-seirbheis seo, nach cuir thu fios gu:

Jean NicGilliosa

Prìomh Chomhairliche, Clann is Daoine Òga

Ionad-slàinte Loch Aillse

Rathad an Stèisein

Caol Loch Aillse

IV40 8AE

Fòn: 01599 530930 (airson brath fhàgail)

Fòn-làimhe: 07881981519

Post-d: jean.ncs@aol.co.uk

NO Airson sgoilearan Àrd-sgoil a' Phluic:

Sheila Hamilton

Comhairliche, Clann is Daoine Òga

Fòn-làimhe: 07585921686

Post-d: sheila.ncs@aol.co.uk



CounsellingCare:Skye & Lochalsh is a charity registered in Scotland No. SC033321

Seirbheis

Chomhairleachaidh do Dhaoine Òga

Fios do Phàrantan is Luchd-cùraim

Tha Comhairle na Gàidhealtachd agus Urras
Carthannach RS MhicDhòmhnaill a' cumail taic ri
Seirbheis CounsellingCare do dhaoine òga